



---

The Culture, Heritage and Arts Assembly, Argyll and Isles (CHARTS) is a SCIO registered in Scotland: SC049113

# **GAELIC POLICY**

## **(GAELIC AND ENGLISH)**

**Adopted: 22.09.2023**

### **Cùl-fhiosrachadh**

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) (“Achd 2005”) aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba air 21 Giblean 2005 agus thòisich e air 13 Gearran 2006 leis an amas inbhe na Gàidhlig ann an Alba a dhaingneachadh. Tha trì prìomh eileamaidean ann an Achd 2005 agus iad ceangailte ri cheile:-

The a’ stèidheachadh buidheann reachdail Ghàidhlig (“am Bòrd”) gus cleachdadh is tuigse na Gàidhlig a bhrosnachadh agus cothrom air Gàidhlig is cultar na Gàidhlig a dhèanamh nas fhasa, leis an amas air a’ cheann thall cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig agus cleachdadh làitheil a’ chànain a leudachadh.

Tha e a’ toirt air a’ Bhòrd Plana Nàiseanta airson Gàidhlig (“am Plana Nàiseanta”) a chur ri chèile gus cleachdadh is tuigse na Gàidhlig, foghlam na Gàidhlig, agus cultar na Gàidhlig a chur air adhart.

Tha e a’ toirt ùghdarras dhan Bhòrd fios reachdail do dh’ùghdarras poblach buntainneach sam bith (is e sin ri ràdh, ùghdarras Albannach, ùghdarras thairis air crìochan no Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba), ag iarraidh air an ùghdarras sin plana Gàidhlig a chur ri chèile.

Chan eil CHARTS na bhuidheann poblach dhen leithid, ach chuir i roimhpe Poileasaidh foirmeil mun Ghàidhlig a chur ri chèile agus Ro-innleachd mu Chultar na Gàidhlig a libhrigeadh le taic bhon Bhòrd.

### **Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018 gu 2023**

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018 gu 2023 a leasaich Bòrd na Gàidhlig a' nochdadh nan amasan a leanas a dh'fheuchas CHARTS ri toirt gu buil tro libhrigeadh a' phoileasaidh seo:

- Cur ri cleachdadh na Gàidhlig
- Cur ri ionnsachadh na Gàidhlig
- Ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig a chur air adhart

Mar SCIO, the na h-amasan ro-innleachdail a leanas aig CHARTS:

- a' leasachadh luchd-cleachdaidh is buidhnean cultarail is dualchais le bhith ag obair ann an com-pàirteachas le feadhainn eile;
- a' leasachadh is a' cleachdadh conaltradh èifeachdach thairis air crìochan cruinn-eòlach is roinneil;
- a' toirt fàs co-obrachail air an luchd-èisteachd is air an luchd-chleachdaidh againn le bhith gar sanasachadh fhèin agus a' sanasachadh feadhainn eile gu h-ionadail, gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta;
- a' leasachadh is a' libhrigeadh phròiseactan ann an com-pàirteachas a bheir togail-inntinn, foghlam agus fealla-dhà dha na coimhearsnachdan agus dhan luchd-tadhail againn; agus
- a ; faighinn is a' sgaoileadh ghoireasan is trèanadh gus cultar is dualchas a thoirt do luchd-èisteachd nas fharsainghe.

Aig cridhe nan amasan seo tha cur air adhart ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig, a thathar ri libhrigeadh ann an trì dòighean bunaiteach:

- A' cur air adhart ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig agus a' cur ri mothachadh tro: na meadhanan Gàidhlig is meadhanan eile, agus na h-ealainean Gàidhlig
- A' cur air adhart luach sòisealta, eaconamach agus cultarail na Gàidhlig
- A' sgaoileadh fios deimhinneach air Gàidhlig, dà-chànanachas, agus mu iomadachd is ion-ghabhail

## AITHRIS MU PHOILEASAIDH

1. Cuiridh CHARTS taic gu gnìomhach is gu follaiseach ri cànan is cultar na Gàidhlig anns an obair gu lèir aice, mothachail gu bheil i na cuid bhunaitich den ìomhaigh chorporra aice.
2. Obraichidh CHARTS mar thosgair aig ìre nàiseanta is eadar-nàiseanta ann an cur air adhart nan ealainean Gàidhlig agus cuiridh i air adhart an luach a th' orra mar mheoin chultarail.
3. Bheir CHARTS brosnachadh do labhairt na Gàidhlig san luchd-obrach, air a' Bhòrd, na cuid chomataidhean no bhuidhnean.
4. Feuchaidh CHARTS ri bhith ag obair gu dlùth leis an ùghdarras ionadail, le Bòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail agus luchd-ùidhe eile ann a bhith a' cur air adhart ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig.
5. Tha CHARTS ag aithneachadh is a' comharrachadh slugh dùthchasach Earra-Ghàidheal, na Gàidheil, air tìr-mòr agus sna h-eileanan; mothachail air an àite a th' air a bhith aca bho

thùs ann an cruthachadh stèidh chultarail na roinne; an dileab sònraichte a thaobh càinain aca tro Ghàidhlig, agus gun fheumar an cuid ghuthan is bheachdan mu dhèidhinn Earra-Ghàidheal san àm ri teachd a bhith aig cridhe nam planaichean againn a' dol air adhart.

6. Tha CHARTS mothachail gu bheil coimhearsnachd na Gàidhlig san là an-diugh air a dèanamh le daoine air feadh an t-saoghail, eadar na Gàidheil fhèin agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig à gach àite is eachdraidh agus iomadh neach-ùidhe eile an dà chuid prìobhaideach is dreuchdail. Tha CHARTS a' cur taic gu mòr ri gleidheadh coimhearsnachd Ghàidhlig a tha fosgailte is fàilteachail dhan fheadhainn uile a tha ag iarraidh dol na lùib agus tasgadh innte.
7. Tha CHARTS ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig air leth ann an seagh cultarail bhon Bheurla agus feuchaidh i mar bhuidheann ri conaltradh nuair a thathar a' cleachdadh Gàidhlig ann an dòigh a tha a-rèir cainnt nàdarra, ghnàthach na Gàidhlig.
8. Tha CHARTS cuideachd ag aithneachadh na h-eugsamhlachd fharsaing a thaobh roinnean an taobh a-staigh na Gàidhlig agus cuiridh i roimhe ri cainnt is dualchas ionadail Earra-Ghàidheal far a bheil a' chuid as motha den obair againn a mheas, a chur air adhart agus a thoirt seachad gus an lean iad orra mar phàirt de bheatha na roinne tro obair nan ealain agus tro dhìleab cultarail do-bheantainn eile.
9. Brosnaichidh CHARTS tachartasan is buidhnean-obrach gus eòlas a nochdadh gus cur ri mothachadh agus ùghdarrachd na Gàidhlig a dhìon is a ghleidheadh.
10. Nì CHARTS a d'icheadh ceangal gu leantainneach ris an Oifigear Chultair Ghàidhlig gus:
  - Buill lionra agus com-pàirtichean ro-innleachdail CHARTS a riochdachadh is a chuideachadh
  - Taic a chur ri tachartasan Gàidhlig roinneil gus CHARTS a riochdachadh air buidheann-obrach Tional Gàidhlig Earra-Ghàidheal is Bhòid
  - Taic a chur ri buidhnean-obrach CHARTS
  - Cur ri cothroman do dhaoine òga dol an sàs ann am pròiseactan ealain, dualchais agus àiteachan
  - Oideachaidhean-lìn a chur air dòigh air cuspairean sònraichte ag amas air coimhearsnachdan Gàidhlig, le taic bho luchd-obrach phròiseactan CHARTS agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, a rèir mar as iomchaidh
  - Taic shònraichte a thairgse do bhuill Ghàidhlig CHARTS, luchd-ealain den a h-uile seòrsa, buidhnean-dùthchais is buidhnean-cultarail agus gnìomhachasan ionadail nam measg
  - Stiùireadh a dhèanamh air cur an gnìomh Poileasaidh Gàidhlig CHARTS
  - Ro-innleachd Ghàidhlig CHARTS a dhealbhadh is a libhrigeadh
  - Ruigsinneachd CHARTS do luchd na Gàidhlig a leasachadh tro na meadhanan sòisealta
  - Taic a chur ri leabhar-latha air an Lìon airson eadar-theangachadh mar aon a rèir mar as iomchaidh
  - CHARTS a nochdadh ri luchd-cultair, luchd-ealain is luchd-dualchais, ann an Earra-Ghàidheal is ann am Bòd, gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta
  - Taic a chur ri ceanglaichean Gàidhlig/Beurla/Gaeilge

- Obrachadh le luchd-obrach eile aig CHARTS air pròiseactan thairis air dleastanasan luchd-obrach.
- 

## Background

The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 (“the 2005 Act”) was passed by the Scottish Parliament on 21 April 2005 and commenced on 13 February 2006 with the aim of securing the status of Gaelic in Scotland. The 2005 Act has three main and inter-related elements:-

It establishes a statutory Gaelic body, Bòrd na Gàidhlig (“the Bòrd”) to encourage the use and understanding of Gaelic and to facilitate access to Gaelic and Gaelic culture, with the ultimate aim of working towards increasing the number of Gaelic speakers and extending the everyday use of the language.

It requires the development by the Bòrd of a National Plan for Gaelic (“the National Plan”) to promote the use and understanding of Gaelic, Gaelic education and Gaelic culture.

It gives the Bòrd authority to issue a statutory notice to any relevant public authority (namely, a Scottish public authority, cross-border authority or the Scottish Parliamentary Corporate Body), requiring that authority to develop a Gaelic language plan.

CHARTS is not such a public body, but has chosen to develop a formal Gaelic Language Policy and to deliver a Gaelic Culture Strategy with Bòrd support.

### The National Gaelic Language Plan 2018-2023

The 2018-2023 National Language Plan developed by Bòrd na Gàidhlig raises the following aims that CHARTS will attempt to satisfy through the delivery of this policy:

- Increasing the use of Gaelic
- Increasing the learning of Gaelic
- Promoting a positive image of Gaelic

As a SCIO, CHARTS has the following strategic objectives:

- developing cultural and heritage practitioners and organisations by working cooperatively and in partnership with others;
- developing and utilising effective communication across geographic and sectoral boundaries;
- cooperatively growing our audiences and customers by marketing ourselves and others locally, nationally and internationally;
- developing and delivering partnership projects that will excite, educate and entertain our communities and our visitors; and

- accessing and sharing resources and training in order to bring culture and heritage to a wider audience.

Central to these objectives is the promotion a positive image of Gaelic, which is to be delivered in three key ways:

- Promoting a positive image of Gaelic and raising awareness through: Gaelic media and other media, and Gaelic arts
- Promoting the social, economic and cultural value of Gaelic
- Giving positive messages about Gaelic, bilingualism, and about diversity and inclusion.

## **POLICY STATEMENT**

1. CHARTS will actively and demonstrably support the Gaelic language and culture throughout all its activities, acknowledging that it is a key part of their corporate identity.
2. CHARTS will act as an ambassador on a national and international level in the promotion of the Gaelic arts and will promote their value as a cultural asset.
3. CHARTS will encourage Gaelic speaking membership on its staff, Board, committees or groups.
4. CHARTS will seek to work closely with the local authority, Bòrd Na Gàidhlig, Creative Scotland and other stakeholders in promoting a positive image of Gaelic.
5. CHARTS recognises and celebrates the existence of Argyll's indigenous people, Na Gàidheil, whether Highlanders or Islanders; their founding and continuing role over centuries in the formation of the cultural fabric of the region; their unique linguistic legacy through Gàidhlig, the Gaelic language, and the need for their voices and opinions on the future of Argyll to be at the heart of our plans going forward.
6. CHARTS recognises that the modern Gaelic language community is made up of people from all over the world, from Gaels themselves to Gaelic learners from all walks of life and diverse heritage backgrounds and many other types of stakeholders both private and professional. CHARTS strongly supports the maintenance of an open and welcoming Gaelic language community for all of those who wish to participate and invest in it.
7. CHARTS recognises that Gaelic language is culturally distinct from English and as an organisation will endeavour to communicate when using Gaelic in a manner consistent with natural, idiomatic Gaelic speech.
8. CHARTS also recognises the immense regional diversity within the Gaelic language and will set out to respect, promote and make available to our members and audiences where possible, the endangered local dialects and lore of the Argyll area in which the majority of our work is situated, so that they may continue to be part of the life of the region through the output of the arts and other intangible cultural heritage.
9. CHARTS will encourage knowledge sharing events and workshops to increase awareness and to protect and conserve the authenticity of the Gaelic language.
10. CHARTS will endeavour to continually engage a Gaelic Cultural Officer to:

- Represent and support members of the CHARTS network and strategic partners
- Support regional Gaelic events including to represent CHARTS on the Argyll and Bute Gaelic Gathering working group.
- Support CHARTS' working groups
- Increase opportunities for young people to become involved in arts, heritage and placemaking projects
- Organise webinars around themed topics aimed at Gaelic communities, supported by CHARTS projects staff and Argyll and Bute Council, as appropriate.
- Offer distinct support to Gaelic speaking members of CHARTS including artists across all art forms, heritage and cultural organisations and local businesses.
- Oversee the implementation of the CHARTS Gaelic Policy
- Design and deliver CHARTS Gaelic Strategy
- Improve CHARTS access to Gaelic speakers via social media.
- Support the administration of a virtual diary for simultaneous translation.as appropriate
- Promote CHARTS to Gaelic cultural, artistic and heritage communities, in Argyll and Bute, nationally and internationally
- Support Gaelic/English/ Irish Gaelic interactions
- Work collaboratively with other CHARTS staff on projects that cut across team responsibilities

Document version control

<b>Version number</b>	<b>Change or update</b>	<b>Author or owner</b>	<b>Date</b>
1.0	First version	CHARTS BOARD	22.09.23

Any questions contact [info@chartsargyllandisles.org](mailto:info@chartsargyllandisles.org)  
 For more information, please contact [info@chartsargyllandisles.org](mailto:info@chartsargyllandisles.org)